

# Sabaid ràitheil

Bhiodh na **fir-chinnidh** an lùib na sabaid leis gun robh e na phàirt de **shiostam nan cinnidhean** leis an d' fhuair iad **fearann**. Bha aca ri sabaid airson a' **chinn-cinnidh**. Bha **spèis** dhan **dòigh-beatha** seo a' ciallachadh gum feumadh daoine bàsachadh air a shon uaireannan.

**Bha na fir-chinnidh a' glacadh na claidheimh agus a' tuiteam leis a' chlaindheimh.**

Bha e air a ràdh gun robh an Gàidheal o shean na dhuine borb leis gum biodh e a' sabaid **gu targ** ann am batail. Bha e na phàirt den **dòigh-beatha** aca a bhith a' **creachadh** crodh. Bha **cinnidhean** mar Clann MhicPhàrlain taobh Loch Laomainn ainmeil airson a bhith a' falbh le crodh dhaoine eile. Bhiodh iad **a' goid** bheathaichean as t-fhoghar nuair a bha e dorcha gu leòr airson na bha iad a' dèanamh **a chleith**, ach soilleir gu leòr airson gum faiceadh iad fhèin dè bha iad a' dèanamh.

**Bha obair sheòlta mar seo san dorchadas ag ullachadh nan Gàidheal airson cogadh.**



Bha iad cruidh 's iad  
eòlach air a bhith  
a' coiseachd astaran fada,  
a' dol am falach,  
a' dèanamh **feall-fhalach**,  
agus a' cadal a-muigh. Bha  
iad eòlach cuideachd air a  
bhith air an cur an òrdugh  
agus **smachd** a bhith orra.

Bhiodh an t-sabaid a' tachairt eadar  
àm **buana** agus àm fàis. Leis gum  
biodh **feachdan** Gàidhealach a' tilleadh  
dhachaigh greiseag ro ràith na sabaid, bhiodh  
daoine uaireannan a' smaoineachadh nach gabhadh  
**earbsa** a chur annta. Ach, bha rìghrean Eòrpach gu mòr airson gum  
biodh Gàidheil a' sabaid dhaibh nan **saighdearan-tuarastail**.

### Tha sin a' dearbhadh gun robh na Gàidheil treun agus fo smachd.

Seo na buill-airm a bh' aca –

claidheamh-leathann, claidheamh-mòr, bogha agus saighdean, tuagh  
Loch Abar, biodag agus targaid.

Na b' fhaide air adhart chleachd iad musgaid agus daga.



*tuagh Loch Abar*



*claidheamh-mòr*



*biodag*



*bogha*



*targaid*